



Digitized by the Internet Archive
in 2013

CUIBHRIONN DO 'N SCRIOPTUR;

A TAISBEANA

TEAGAISGIBH AGUS DLEASNAIS

A

CHREIDEIMH CHRIVOSDUIGH.

DIA a labhair ann sna h amaibh a chaidh seachad gu minic agus air iomadh modh ris na h aithreachaibh leis na faidhibh, labhair se anns na laithibh deireannach so ruinne, trid a Mhac, a dh' orduich e na oighre air na h uile nithibh, tre 'n do chruthaich e fos na saoghail. Uime sin is coir dhuinn an ro-thuilleadh aire a thoirt do na nithibh a chuala sinn, an t eagal uair air bith gu 'n leigeamaid ruidh leo. Oir ma bha am focal a labhradh le ainglibh seasmhach, agus gu 'n d' fhuair na h uile bhriseadh agus easumhlachd diol-thuarasdal dligheach; cionnas a theid sinne as ma ni sinn di-meas air slainte co mor, a thoisich air tùs bhi air a labhairt leis an Tighearna, agus a rinne dearbhta dhuinne leo-san a chual e; air bhi do Dhia a' deanamh coi-fhianuis leo, araon le comharthaibh 's le h iongantasaibh, agus le feartaibh ioma-gnetheach, agus le tiolacaibh an Spiorad naoimh, reir a thoil fein. Ta an Scriptor uile air a dheachdadh le Spiorad De, agus 'ta e tarbhach chum teagasg, chum spreige, chum leasachaidh, chum oilein ann am fireantachd: chum 'gu 'm bi òglach Dhe coi-lionta, lan deas chum gach uile dheadh oibre.—Eabh. i. 1, 2. Caib. ii. 1—4. 2 Tim. iii. 16, 17.

MU THIMCHIOLL DHE.

Is Spiorad Dia. Is gradh Dia. Is solas Dia. Co thoinhais na h uisgeachan ann an glaic a dhearnaidh; agus a shin amach na neamha le a réis; agus a chum duslach na talmhainn ann an soitheach tomhas, agus a chothromaich ann an sligibh na sleibhteann, agus na cnuic ann am meigh-chothroim? Co thug seoladh do Spiorad Iehobhah; agus mar aon d'a chomhairle, thug fiosrachadh? Co air an d'iarr e chomhairle, chum gun deanadh e theagasg, agus gu 'n innseadh e dha ceum a bhreitheanais; a chum gu tugadh e dha eolas, agus gu deanadh e a sheoladh ann an slighe na tuigse? Feuch tha na cinnich mar bhoinne 'n t soitheach uisge; mar dhus min na slighe tomhais measar iad: Feuch na h eileanan togaidh suas mar smuirnean. Chomhdaich a ghloir na neamha, agus bha 'n talamh lan d' a chliu. Agus bha a shoilleireachd mar a ghrian; o a laimh shruth dearsanna soluis; agus an sin bha aite folach a mhorachd. Air thoiseach air chaidh a' phlaigh; is chaidh eibhle teine mach o chasaibh. Sheas e agus thomas e 'n talamh: dh' amhairc e, agus sgap e na cinnich as a cheile, 's bha na sleibhte siorruith air am bristeadh; chrom na cnuic bhith-bhuan; tha a shlighe mairtheannach. A Thighearna rannsaich thu mi, agus is aithne dhuit mi. Is aithne dhuit mo shuidhe agus m' eirigh; tuigidh tu mo smuainte fad as. Chuartaich thu mo cheum agus mo luidhe sios, agus air mo shlighibh gu leir is fiosrach thu. Oir feuch cha 'n 'eil focal air mo theangaidh, a Thighearna, nach aithne dhuit gu leir. Am dheigh, agus romham chuartaich thu mi, agus chuir thu do lamh orm. Is ro iongantach an t eolas so air mo shon; tha e ard cha ruig mi. C' ait an d' theid mi o d' spiorad? agus c' ait an teich mi o d' ghnuis? Ma theid mi suas do neamh tha thu 'n sin; ma ni mi mo leabaidh ann an ifrinn, feuch tha thu 'n sin. Ma ghabhas mi sgiatha na maidne, agus

gu còmhnuich mi ann an ionadaibh iomallach na fairge; eadhon an sin stiuraidh do lamh mi, agus cumaidh do dheas lamh mi. Ma their mi gu deimhin folaichidh an dorchadas mi, bithidh an oidhche fein mar sholus mu 'n cuairt orm. Cha 'n fholaich eadhon an dorchadas uaitse, ach dealraichidh an oidhche mar an latha: is ionann an dorchadas agus an t solus duitse. Naomha, naomha, naomha, an Tighearna Dia Uilechumhachdach, neach a bha, agus a tã, agus a bhitheas. Co air nach biodh eagal romhadsa, O Thighearna, agus nach d' thugadh gloir do t ainm? oir is tusa amhain ata naomha: oir thig na h uile chinnich, agus ni iad aoradh ann ad' làthair: do bhri gu bheil do bhreitheanais air an deanamh follasach. Is iad ceartas agus breitheanais aite tamh do righ-chathair; theid trocair agus firinn roimh do ghnuis. Is mor agus is iongantach t oibrìdh, a Thighearna Dhe Uilechumhachdach; is ceart agus is fìor do shlighidh-se, a Rìgh nan naomh. An Tighearna, an Tighearna Dia, iochdmhor agus grasmhor, fad fhulangach, agus pailt ann trocair agus ann am firinn, a' gleidheadh trocair do mhiltibh, a' mathadh aingidheachd agus eusaontais, agus peacaidh, agus nach saor air aon doigh an ciontach; a' leantuinn aingidheachd nan aithreachan air a chloinn, agus air cloinn na cloinne air an treas agus air a cheathramh ginealach. Ach Dia ta saibhir ann an trocair, air son a mhor ghraidh leis na ghradhaich e sinn, air bhith dhuinn-fos marbh am peacaibh, choi-bheothaich e sinne maille ri Crìosd, tre ghras a ta sibh air bhur sabhaladh. Oir tha triur a ta deanamh fianuis air neamh, an t Athair, am focal, agus an Spiorad naomha; agus an triur sin is aon iad. Uime sin imichibhse agus teagasgaibh na uile cinneach, gam baisteadh ann ainm an Athair, agus a Mhic, agus an Spiorad naomh. Gras an Tighearna Iosa Crìosd, agus gradh Dhe, agus co-chomunn an Spiorad naomh, gu robh maille ribh uile.—Eoin iv. 24. 1 Eoin-iv. 16. Caib. i. 5.

Isa. xl. 12—15. Hab. iii. 3—6. Salm. cxxxix. 1—12.
 Tais. iv. 8. Caib. xv. 4. Salm. lxxxix. 14. Tais.
 xv. 3. Exod. xxxiv. 6, 7. Eph. ii. 4, 5. 1 Eoin
 v. 7. Math. xxviii. 19. 2 Cor. xiii. 14.

MU THIMCHIOLL FREASDAIL DE.

Beannuichte gu robh ainm Dhia gu saoghal nan saoghal: oir is l' esan gliocas agus cumhachd. Agus atharraichidh e na h amanna, agus na h aim-sirean: atharraichidh e rìghrean, agus cuiridh e suas rìghrean: bheir gliocas do 'n ghlic, agus eolas dhoibhsan d' an aithne tuigse. Foillsichidh e na nithe domhain agus diomhair: is aithne dha ciod atha san dorchadas, agus tha an solus a chomhnuidh maille ris. Thugaibh fanear na fithich: oir ni 'm bheil iadsan a cuir no buain; cha 'n 'eil aca tigh stor no sabhal; agus ata Dia ga m beathacha: Cia mor is fearr sibhse na na h eurlaith? Agus co agaibh le ro-churam is urra aon bhann lamh a chuir r' a airde fein? Mur 'eil sibh uime sin comasach air a ni is lugha a dheanamh carson ata sibh gabhail ro churam do nithibh eile? Thugaibh fanear na lilighean cionnas ata iad a fas; cha 'n 'eil iad a saothracha, no a sniomh: gidheadh a deirim ribh, nach robh Solamh fein na ghloir uile, air a sgeudachadh mar aon diubh so. Agus ma ta Dia mar sin a sgeudachadh an fheoir, ata an diugh sa mhachair, agus a marach air a thilgeadh san amhuinn: nach mor is mo a sgeudaichease sibhse, O' dhaione air bheag creideimh. Gidheadh, cha d' fhag se e fein gun fhianuis, a' deanamh maitheas, agus a toirt dhuinne feurthuinn o neamh, agus aimsir tarbhach, a lionadh ar criodheacha le biadh agus le subhachas. Nach 'eil dà ghealbhonn air an reiceadh air fheoir-ling? agus ni 'n tuit aon aca air an talamh as eugmhais freasdail bhur n Atharsa. Ach ata eadhon fuilteine bhur cinn uil' air an aireamh.—Dan. ii. 20—22. Luc xii. 24—28. Gnìomh. xiv. 17. Math. x. 29, 30.

MU THIMCHIOLL LAGH DHE.

Gradhuichidh tu an Tighearna do Dhia le d' uile chridhe, agus led' uile anam, agus led' uile inntin. 'Si so a cheud aithne agus an aithne mhor. Agus is cosmhuil an dara ria so, Gradhuichidh to do choimhearsnach mar thu fein. Ann san da aithne so ata suim an lagh uile, agus nam faidhean. Air an aobhar sin ata 'n lagh naomha; agus ata 'n aithne naomha, agus co-thromach, agus maith. Oir ge be neach a choimheadas an lagh uile, agus a bhriseas aon phonc ta se ciontach do 'n t iomlan. Oir an Ti a dubhairt, Na dean adhaltranas; a dubhairt se mar an ceudna, Na dean morta. 'Noise ge nach dean thu adhaltranas, gidheadh ma ni thu morta, rinneadh fear-briseadh an lagh dhiot. 'Noise 'ta fhios againn ge b' e nithe 'ta 'n lagh a labhairt, gur ann riusan ata fo 'n lagh ata e gan labhairt: chum gu druideadh gach uile bheul, agus gu 'm biodh an saoghal uile ciontach am fianuis De. Uime sin cha bhi feoil air bith air a fireanacha, 'na fhianuis san, trid oibre an lagha: oir is ann trid an lagh ata eolas peacaidh.—Math. xxii. 37—40. Romh. vii. 12. Sheum. ii. 10, 11. Romh. iii. 19, 20.

MU LEAGADH AN DUINE.

Chruthaich Dia an duine 'na iomhaigh fein ann an iomhaigh Dhe chruthaich se e; agus chunnaic Dia gach ni a rinn e, agus feuch bha e ro-mhaith. Feuch an ni so mhain fhuair mi, gu 'n d' rinn Dia an duine cothromach; ach dh' iarr iad fein iomadh innleachd a mach. Agus dh' aithne an Tighearna Dia do 'n duine, ag radh, do gach craobh anns a gharradh feudaidh tu itheadh gu saoir, ach do chraobh an eolas a mhaith agus an uile cha 'n ith thu dheth sin; oir an latha a dh' itheas tu dheth basaichidh tu gu cinnteach. Agus nuair chunnaic a mhnaoi gu 'n robh a chraobh maith airson biadh, agus gu 'n robh e maiseach do 'n t suil,—ghabh i do 'n mheas, agus dh' ith i; agus

thug i do 'n duine mar an ceudna maille ri, agus dli' ith e. Uime sin, mar a thainig peacadh a steach do 'n t saoghal trid aon duine, agus bas trid a' pheaca, agus mar sin thainig bas air na h uile dhaoine, do bhri gu 'n do pheacaich iad uile: Mar ata e sgriobhta cha 'n 'eil neach ann a thuigeas cha 'n 'eil neach ann a 'ta 'g iarraidh Dhe. Chlaon iad uile as an t slighe, tha iad uile mi-tharbhach, cha 'n 'eil neach ann ata deanamh maith, cha 'n 'eil fiu a h aon. Is uaigh fhosgailte an scornach; labhair iad ceilg le 'n teangaibh; 'ta nimh nan nathracha nimhe fuidh 'm bilibh: aig am bheil am beul lan do mhallachadh agus do shearbhas. Ata an cosa luath chum fuil a dhoirteadh. 'Ta brise-cridhe agus truaigh 'nan slighibh: agus slighe na siochaint cha b' aithne dhoibh. Cha 'n 'eil eagal De fa chomhair an sul.—Gen. i. 27, 31. Eclesi. vii. 29. Gen. ii. 16, 17. Gen. iii. 6. Romh. v. 12. Caib. iii. 10—18.

MU IOSA CRIOSD AGUS A DHREUCHDAN.

Ann san toiseach bha am focal, agus bha am focal maille ri Dia, agus b' e 'm focal Dia. Bha e so air tus maille ri Dia. Rinneadh gach ni leis; agus as eugmhais cha d' rinneadh aon ni a rinneadh. Agus rinneadh am focal 'na fheoil, agus ghabh se comhnuidh 'nar measg-ne; agus chunnaic sinn a ghloir, mar ghloir aon-ghin Mhic an Athair lan gras agus firinn. Dia a labhair ann sna h amaibh a chaidh seachad gu minic, agus air iomadh modh ris na h aithreachaibh leis na faidhibh, labhair se ann sna lathaibh deireannach so ruinne trid a Mhac, a dh' orduich e na oighre air na h uile nithibh, tre an do chruthaich se fos na saoghail; neach air bhi dha 'na dhealradh a ghloirsin agus na fhior iomhaigh a phearsa, agus a cumail suas na h uile nithibh le focal a chumhachd, 'n uair a ghlan e ar peacaidh-ne do thrid fein, shuidh e air deas-laimh na mòrachd ann sna h ardaibh. Neach air bhi dha ann an cruth Dhe, cha do mheas e

'na reubuinn e fein bhì co-ionunn ri Dia: ach chuir se e fein ann neo mheas, agus ghabh se air fein dreach seirbhisich, agus rinneadh e ann an coslais dhaoine: agus air bhì dha air fhaghail ann cruth mar dhuine, dh'irioslaich se e fein, agus bha e umhal gu bas, eadhon bas na croiche.

Oir gu firinneach a dubhairt Maois ris na h aithreachaibh, Togaidh an Tighearna bhur Dia suas Faidh dhuibh, d' ar braithribh, mar mise; ris san eisdidh sibh ann sna h uile nithibh a labhras e ruibh. Agus tacharaidh na h uile anam nach eisd ris an Fhaidh sin gu 'n d' theid a sgrios amach as a phobull. Ta Spiorad an Tighearna orm, air son gu 'n d' ung e mi a shearmonacha an t soisgeul do na bochdaibh, chuir se me a shlanuchadh na mhuintir aig am bheil an cridhe briste, a dh' eigheach fuasgladh do na braighdibh, agus aiseag an radharc do na doill, a thoirt saorsa do 'n mhuintir ata brùite, a shearmonacha bliadhna thaitneach an Tighearna.

Mhionnaich an Tighearna, agus cha ghabh e aithreachas, Is Sagart thu gu brath a reir orduigh Melchisedeic. Oir bha shamhuil sin do àrd shagart iomchuidh dhuinne, neach ata naomha, neo-lochdach, neo-thruaillidh, air a sgaradh o pheacaich, agus a rinneadh ni 's airde na na neamha. Agus do bhri gu bheil againn ard shagart os ceann tighe Dhe: thigeamaid am fogus le cridhe fìor, ann lan dearbheachd a chreidimh, le 'r cridhe air an crath-ghlanadh o dhroch coguis, agus le 'r cuirp air an nigheadh le uisge glan. Bithidh e mor, agus goirthear Mac an Ti is ro-airde dheth; agus bheir an Tighearna Dia dha rìgh-chaithir athair fein Dhaibhidh. Fhreagair Iosa, Cha 'n 'eil mo rioghachd-sa do 'n t saoghal so: nam b' ann do 'n t saoghal bhiodh mo rioghachd, dheanadh mo sheirbhisich cogadh, chum nach d' thugta thairis do na h Iudhaich mi: ach a noise ni h ann o so ata mo rioghachd. Air an aobhar sin a dubhairt Pilat ris, An rìgh thu ma seadh? Fhreagair Iosa, Deir tu gur

Rìgh mi. 'S ann a chum na criche so rugadh mi, agus chum na criche so thainig mi air an t saoghal, chum 's gu deanainn fianuis do 'n fhirinn. Gach uile ata air taobh na firinn eisdidh e ri m' ghuth-sa. Eisean 'dh' ardaich Dia le a dheas laimh 'na Phrionnsuidh agus 'na Shlanui' ear, a thoirt aithreachas agus maithneas peacaidh do Israel. Oir is eigin gu 'n rioghaich se gus an cuir e a naimhde uile fo chosaibh. Gras ar Tighearna Iosa Criosd gu raibh maille ribh uile. Amen. Biosa firinneach gu bas, agus bheir mise dhuit crun na beatha.—Eoin i. 3—14. Eabh. i. 1—3. Philip. ii. 6—8. Gniomh. iii. 22, 23. Luc. iv. 18, 19. Salm. cx. 4. Eabh. vii. 26. Caib. x. 21, 22. Luc. i. 32. Eoin. xviii. 36, 37. Gniomh. v. 31. 1 Cor. xv. 25. Tais. xxii. 21. Caib. ii. 10.

MU THIMCHIOLL AN REITE.

Agus an ceann nan tri fichead agus da sheachduin, gearrar Mesiah as, ach cha 'n ann air a shon fein: Ach bha e air a lot airson air peacaidh-ne; air a bhualadh airson ar n aingeachdan: an smachdachadh, leis a bheil ar sith air a toirt mu 'n cuairt, leagadh airsan; agus le chreuchdaibh san tha sinne air ar leigheas. Chaidh sinne gu leir mar chaoraibh air seachran; chlaon sinn a thaoibh gach aon againn gu shlighe fein; agus thug Iehobhah fanear gu tuiteadh airsan aingeachd an iomlan dhinne. Oir rinn e eisean d' a nach b' aithne peacaidh na *iobairt* pheacaidh air ar son-ne; chum gu bitheamaid air ar deanamh 'n ar fireantachd Dhe ann-san. Ghradhaich Criosd sinne, agus thug se e fein air ar son, na ofrail agus na iobairt deadh-bholaidh do Dhia. Air dhuibh fios a bhi agaibh nach do shaoradh sibh le nithibh truallidh, mar ata airgiod agus òr, o bhur caithe-beatha diomhain a thugadh dhuibh o bhur sinnsireachd; ach le fuil phriseil Chrìosd, mar Uan gun lochd, gun smal: neach gu deimhim a roi-orduicheadh roimh chruth-

achadh an t saoghail, ach a dh' fhoillsicheadh ann sna h aimsiribh deireannach air bhur son-sa; muintir trid-san ata creidsinn ann an Dia a thog eisean o na mairbh, agus a thug gloir dha, chum gu 'm biodh bhur creideimhsa, agus bhur muinghin ann an Dia. Dhasan a ghradhaich sinn agus a dh' ionnlaid sinn o ar peaca ann a fhuil fein, agus a rinn righribh dhinn agus sagairte do Dhia agus d' a Athair-san; dhasan gu robh gloir agus cumhachd gu saoghal nan saoghal. Amen. Is airidh an t Uan a chaidh mharbhadh, air cumhachd, agus saibhreas, agus gliocas agus neart, agus onoir, agus gloir, agus moladh fhaghail.—Dan. ix. 26. Isa. liii. 5, 6. 2 Cor. v. 21. Eph. v. 2. 1 Phead. i. 18—21. Tais. i. 5, 6. Caib. v. 12.

MU 'N ATH-GHINEAMHUIN.

Bheir mi fos dhuibh cridhe nuadh, (deir an Tigh-earna,) agus cuiridh mi spiorad nuadh an taobh a stigh dhibh, is buinidh mi air falbh an cridhe clachaidh as 'ur feoil, is bheir mi dhuibh cridhe feola. Agus bha duine do na Phairisich, d' am b' ainm Nicodemus, a bha na uachdaran air na Iudhaich: thainig easan a chum Iosa san oidhche, agus a dubhairt se ris, A Mhaighisdir, ata fhios againne gur fear-teagasg thu a thainig o Dhia: oir cha 'n urra duin' air bith na miorbhuile so a dheanamh ata thusa a' deanamh, mur bi Dia maille ris. Fhreagair Iosa agus a dubhairt se ris, Gu deimhin deimhin a deirim ruit, mur beirth-ear duine a ris, nach fheudar leis rioghachd Dhe fhaicin. Ach a mheud 'sa ghabh ris, thug se dhoibh cumhachd a bhi 'nan cloinn do Dhia, eadhon dhoibhsan ata creidsin 'n a ainm: a bha air an gineamhuin, cha 'n ann o fhuil, no o thoil na feola, no o thoil dhuine, ach o Dhia. Air dhuibh a bhi air bhur n ath-ghineamhuin, ni o thoil truallidh, ach neo-thruallidh, le focal an De bheo agus a mhaireas gu siorruith. Oir gach uile ni a ghinear o Dhia, bheir

e buaidh air an t saoghal: agus is i so a bhuaidh a bhuaidhicheas air an t saoghal, eadhon ar creidimhne.—Esek. xxxvi. 26. Eoin. iii. 1—3. Eoin. i. 12, 13. 1 Phead. i. 23. 1 Eoin v. 4.

MU FHIREANTACHD TRE CHREIDIMH.

Do Iehobhah amhain buinidh slainte agus cumhachd: da' ionnsuidh-san thig iad, bidh iad air an narachadh, na h uile air am bheil corruich 'na aghaidh. Ann an Iehobhah fireanaichear, agus ni an uaill, uile shliochd Israeil. Ach a noise 'ta fireantachd Dhe air a foillseachadh as eugmhais an lagh, ag faghail fianuis o 'n lagh agus o na faidhibh; Eadhon fireantachd Dhe tre chreidimh Iosa Criosd, do gach uile, agus air gach uile a chreideas; oir ni bheil eider-dhealachadh ann: oir pheacaich gach uile, agus tha iad a dheilaimh air gloir Dhe; Air dhoibh bhi air am fireanachadh gu saor le a ghras; trid an t saorsa 'ta ann Iosa Criosd: neach a dh' orduich Dia 'na iobairt-rèite trid chreidimh 'na fhuil, chum fhireantachd fhoillseachadh le maithneas nam peacaidh a chaidh seachad, tre fhadfhulangas De; a dh' fhoillseachadh, deirim, fhireantachd-san san ata lathair: chum gu 'm biodh e cothromach, agus gu 'm fireanaicheadh e an ti a chreidas ann Iosa. C' ait uime sin am bheil uaill? Dhruideadh amach i, Ciod e an lagh leis an do dhruideadh amach i? An e lagh nan oibrìbh? Ni he; ach tre lagh a' chreidimh. Ata sinn uime sin a' co-dhunadh, gu bheil duine air fhireanachadh tre chreidimh as eugmhais oibrìbh an lagh. 'Noise do 'n ti a ni obair, ni h ann a thaobh gras a mheasar an tuarasdal da, ach a thaobh feich. Ach do 'n ti nach dean obair, ach a ta creidsin ann san ti a dh' fhireanaicheas an duine mi-dhiadhaidh, measar a chreidimh dha mar fhireantachd. Air dhuinne fios a bhi againn nach 'eil duin' air fhireanachadh o oibrìbh an

lagh, ach tre chreidimh Iosa Criosd, chreid sinne fos ann Iosa Criosd; chum gu 'm bitheamaid air ar fireanachadh o chreidimh Chrìosd, agus ni h ann o oibribh an lagh; oir tre oibribh an lagh cha bhi feol air bith air a fireanachadh. Seadh gun amharus; agus measam na h uile nithe nan calldach, arson ro-oirdhearcais eolas Iosa Criosd mo Thighearna: arson an d' fhuiling mi call nan uile nithe, agus measam gur aolach iad chum gu 'n coisneam Criosd, agus gu faighear ann mi, gun m' fhireantachd fein agam ata o 'n lagh, ach an fhireantachd sin ata tre chreidimh Chrìosd, an fhireantachd ata o Dhia tre chreidimh.— Isa. xlv. 24, 25. Romh. iii. 21—28. Caib. iv. 4, 5. Gal. ii. 16. Phil. iii. 8, 9.

MU NAOMHACHD.

Nach 'eil fhios agaibh nach sealbhaich luchd deanamh na h eacorach rioghachd Dhe? Na meallar sibh: cha sealbhaich luchd striopachas, no luchd iodhal-aoradh, no luchd adhaltranais, no luchd macnuis, no na daoine ata ciontach do neo-ghloine mhi-nadurra, no luchd goid, no luchd sainnt, no meisgeirean, no luchd an-caiunt, no luchd foreigne, rioghachd Dhe. Agus mar sin bha cuid agaibhse: ach ata sibh air 'ur n ionnlaid, ach ata sibh air 'ur naomhachadh; ach ata sibh air 'ur fireanachadh ann ainm an Tighearna Iosa agus tre Spiorad ar De-ne. Thug Iosa Criosd e fein air ar son, chum gu 'n saoradh e sinn o gach aingeachd, agus gu 'n glanabh e dha fein pobull son-raichte, eudmhor mu dheadh oibribh. Is e toradh an Spiorad gradh, aoibhneas, siothchaint, fadfhulangas, caomhalachd, maitheas, creidimh, macantas, measarachd: ann aghaidh an samhail sin ni bheil lagh. Agus iadsan a 's le Criosd, cheus iad an fheoil, maille r 'a h antogaraibh agus a miannaibh. Ma 's beo dhuinn san Spiorad gluaiseamaid san Spiorad mar an ceudna. Naomhaich iad tre t fhirinn: is e t fhocal-sa an

fhirinn. Leanaibh siothchaint maille ris na h uile dhaoine, agus naomhachd, ni as eugmhais nach faic neach air bith an Tighearna.—1 Cor. vi. 9—11. Tit. ii. 14. Gal. v. 22—25. Eoin. xvii. 17. Eabh. xii. 14.

MU THIMCHIOLL AN DLEASNAIS A BHUINEAS DO GACH NEACH, ANNS GACH INBHE AGUS DAIMH.

Tabhair onoir dod' athair agus dod' mhathair; a chum is gu 'm bi do laithean buan air an fhearann a tha 'n Tighearna do Dhia a' toirt dhuit. Na dean mortadh. Na dean adhaltranas. Na dean gaduigheachd. Na tabhair fianuis bhreige an aghaidh do choimhearsnach. Na sanntaich tigh do choimhearsnach; na sanntaich bean do choimhearsnach, no bhan-oglach, no dhamh, no asal, na aon ni is le do choimhearsnach. Biodh bhur gradh gun cheilg: biodh grain agaibh do 'n olc, leanaibh gu dlù ris an ni ata maith. Bithibh teochridheach da' cheile; durachdach 'nar spiorad; a deanamh seirbhis do 'n Tighearna: a' deanamh gairdeachas ann an dochas: foighidneach ann trioblaid; maireanach ann an urnuigh; a' co-roinn re uireasbhuidh na naoimh; a' gnathachadh aoidheachd. Beannuichibh an dream a' ta deanamh geur-leanmhuin oirbh: beannuichibh agus na mallaichibh. Deanaibh gairdeachas maille riu-san ata re gairdeachas, 'agus caoi' maille rui-san ata re caoi'. Bithibh a dh' aon inntin. Na biodh bhur cion air nithibh ard, ach cuiribh sibh fein an co-inbhe riu-san ata iosal. Na bithibh glic 'nar barail fein. Na diolaibh olc arson uile do dhuin' air bith. Ullaichibh nithe ciatach am fianuis nan uile dhacine. Ma dh' fheudas e bhi, mheud 's ata ann comas duibhse, biodh siothchaint agaibh ris na h uile dhaoine. *A chairde* gradhach, na deanamh dioghaltas air bhur son fein, ach thugaibh aite do 'n fheirg: oir ata e sgriobhta, is leamsa an dioghaltas; iochdaidh mi,

deir an Tighearna. Uime sin ma bhios do namhad ocrach thoir biadh dha; ma bhios e tartmhor thoir deoch dha: oir le so a dheanamh carnaidh tu eibhle teine air a cheann. Na d' thugadh ant olc buaidh ort, ach beir-sa buaidh air an t olc leis a' mhaith. Agus ge b' e ni air bith a ni sibh ann am focal no ann gnìomh, deanaimh na h uile nithe ann an ainm an Tighearna Iosa, a toirt buidheachais do Dhia eadhon an t Athair trid sin. A mhnai, bithibh umhal d' ar fearaibh-posda fein, mar is cubhaidh ann san Tighearna. Fhèara posda, gradhaichibh *bhur* mnai agus na bithibh searbh 'n an aghaidh. A chlann, bithibh umhal d' ar parantaibh ann sna uile nithe: oir ata so taitneach do 'n Tighearna. Aithreacha na brosnachibh bhur clann a chum feirge, an d' eagal gu 'n caill iad am misneach. A shearbhanta, bithibh umhal d' ar maighisdiribh a reir na feola, ann sna h uile nithe; ni h ann le seirbhis-sul, mar dhroing ata toileachadh dhaoine, ach ann tre-dhireas cridhe, ann an eagal De: agus ge b' e air bith ni a ni sibh, deanaibh o bhur cridhe e, mar do 'n Tighearna, agus ni h ann do dhaoine; air dhuibh fios a bhi agaibh gu 'm faigh sibh o 'n Tighearna duais na h oighreachd: oir is ann do 'n Tighearna Criosd ata sibh a' deanamh seirbhis. Ach an ti a ni ea-coir, gheibh e toillteanas na ea-corach a rinn e, agus cha 'n 'eil leith-bhreith ann. Biodh gach anam umhal do na hard chumhachdaibh. Oir cha 'n 'eil cumhachd ann ach o Dhia: agus na cumhachda ata ann is ann o Dhia a dh' orduicheadh iad.—Exod. xx. 12—17. Romh. xii. 9—12. Col. iii. 17—25. Romh. xiii. 1.

SOCHAIREAN GACH FIOR CHRIOSD- UIGH.

Uime sin air dhuine bhi air ar fireanachachadh tre chreidimh, ata siothchaint againn ri Dia trid an Tighearna Iosa Criosd. Trid am bheil againn fos slighe trid chreidimh chum a ghras so anns am bheil sinn 'nar

seasamh, agus ata sinn a' deanamh gairdeachas ann dochas gloire Dhe. Agus ni h e so amhain, ach ata sinn mar an ceudna a' deanamh uaill ann trioblaidibh, do bhri gu bheil fios againn gu 'n oibrich trioblaid foighidin; agus foighidin, fiosrachadh, agus fiosrachadh dochas: agus cha naraich an dochas, do bhri gu bheil gradh Dhe air a dhortadh amach ann ar cridhibh trid an Spiorad naomh a thugadh dhuinne. Oir air dhuinne bhi fos gun neart, ann am iomchuidh bhasaich Criosd airson nan daoine mi-dhiadhaidh. Air an aobhar sin, cha 'n 'eil anoise diteadh sam bith do 'n dream sin ata ann Iosa Criosd, ata gluasachd ni h ann a reir na feola, ach reir an Spiorad. Oir rinn lagh Spiorad na beatha ann Iosa Criosd mise saor o lagh a' pheacaidh agus a bhais. Oir cha bhiadh agus deoch rioghachd Dhe, ach fireantachd, agus siothchaint, agus aoibhneas ann san Spiorad naomha. Tha slighe nam firean mar an solus dealrach, a dhealraicheas ni 's mò agus ni 's mò gu ruig an latha iomlan. Oir is libhse na h uile nithe: ma 'se an saoghal, no beatha, no bas, no nithe 'ta lathair, no nithe 'ta ri teachd; is libhse iad uile; agus is le Criosd sibhse; agus is le Dia Criosd. Ata (sinn) air bhur coimhead le cumhachd Dhe trid chreidimh chum slainte, ata ullamh r' a foillseachadh san aimsir dheireannach. Athair is aill leam an dream a thug thu dhomh, gu 'm bi iad fos maille riumsa, far am bheil mise; chum 's gu faic iad a ghloir a thug thu dhomh: oir ghradhaich thusa mi mun do leagadh bunaite an domhain.—Romh. i. 1—6. Caib. viii. 1, 2. Romh. xiv. 17. Gnath. iv. 18. 1 Cor. iii. 21—23. 1 Phead. i. 5. Eoin xvii. 24.

MU AORADH DHE.

Is mise an Tighearna do Dhia; Na biodh dee sam bith eile agad a 'm lathair-sa. Na dean dhuit fein dealbh snaidhte, no coslas sam bith a dh' aon ni, ata sna neamaibh shuas, no air an talamh shios, no sna

h uisgeachaibh fo 'n talamh. Na crom thu fein a sios doibh, agus na dean seirbhis doibh: oir mis an Tighearna do Dhia, is Dia eudmhor mi, a' leantuinn aingeachd nan aithreacha air a chloinn, air an treas, agus air a cheathramh ginealachd dhiubhsan a dh'fhuathaicheas mi; agus a' nochdadh trocair do mhiltibh dhiubhsan a ghradhaicheas mi agus a choimheadas m'aitheanta. Na tabhair ainm an Tighearna do Dhia an diomhanas; oir cha mheas an Tighearna neo-chiontach easan a bheir ainm an diomhanas. Cia ro-thaitneach do phailliuna a Thighearna nan slogh! Oir is fearr là ad' chuirtibh na mìle: b' fhearr leam a bhi dorsarachd ann an tigh mo Dhia, na bhi 'm chònuidh ann am pailliunaibh aingidheachd. An Dia a rinn an saoghal, agus gach uile nithe ata ann, do bhri gur e fein Tighearna neimh' agus na talmhain, ni bheil se gabhail cònuidh ann an teampluibh lamh-dheanta: ni mo a bheirear aoradh dha le lamhaibh dhaoine, mar gu 'm biodh uireasbhuidh ni air bith air; oir is e fein ata tabhairt do gach uile beatha, agus anail, agus nan uile nithe. Ni am fìor luchd aoradh aoradh do 'n Athair ann an spiorad agus ann am firinn oir ata an t Athair ag iarraidh an leithide so a thoirt aoradh da. Is Spiorad Dia, agus is eigin d' a luchd aoradh, aoradh a dheanamh dha ann spiorad agus am firinn. Oir is aon Dia ata ann, agus eider-mheadhoinfhear eidear Dia agus daoine, an duine Iosa Criosd. Deir Iosa ris, Is mise an t slighe, agus an fhirinn agus a' bheatha: cha d' thig aon neach chum an Athair ach triomsa. Gu deimhin deimhin deirim ruibh, Ge b' e nithe a dh' iarras sibh air an Athair ann m' ainmse, gu 'n d' thoir se dhuibh iad: Gus a so cha d' iarr sibh ni air bith am' ainmse: iarraibh, agus gheibh sibh chum is gu 'm bi bhur n aoibhneas lan. Ta an Spiorad fein mar an ceudna a' deanamh coghnadh le 'r n anainneachd; oir ni h aithne dhuinn ciod a dh' iarramaid ann urnaigh mar bu choir dhuinn: ach ata an Spiorad fein a' deanamh eidir-ghuidhe air ar son le osnaibh do labhairt.

Agus is aithne dhasan ata rannsachadh nan cridheachan ciod i inntin an Spiorad, do bhri gu bheil se ag deanamh eidir-ghuidhe air son nan naoimh do reir toil De. Agus is aithne dhomh Abraham (deir Dia) gu 'n orduich e a chloinn agus muintir a thigh na dheigh, agus gleidhidh iad slighe an Tighearna a dheanamh ceartas agus breitheanais. Roghnaichibh an diugh co d' an dean sibh seirbhis, air mo shonsa, agus airson mo thigh, ni sinne seirbhis do' n Tighearna. An uair a ni thu urnaigh, imich asteach do d' sheomair, agus air dunadh do dhorus duit, dean urnaigh ri t Athair ata ann uaigneas, agus bheir t Athair a chi ann uaigneas, duais dhuit gu follaiseach. Ach ag deanamh urnaigh dhuibh, na gnathaichibh ath iartras dhiomhain, mar na cinnich: oir saoilidh iadsan gu 'n eisdear riu arson lionmhuireachd am focala. Uime sin na bithibhse cosmhuil riu: oir ata fios aig bhur n Athair cia iad na nithe 'ta dh' uireasbhuidh oirbh, mun iarr sibh air iad.—Exod. xx. 2—7. Salm. lxxxiv. 1, 10. Gniomh. xvii. 24, 25. Eoin iv. 23, 24. 1 Tim. ii. 5. Eoin xiv. 6. Eoin xvi. 23, 24. Romh. viii. 26, 27. Gen. xviii. 19. Ios. xxiv. 15. Math. vi. 6—8.

MU LATHA AN TIGHEARNA.

Cuimhnich là na Sabaid a naomhachadh. Sèa laithean saothraichidh tu, agus ni thu t obair uile. Ach air an t seachdamh là tha sabaid an Tighearna do Dhia: air an là sin na dean obair sam bith thu fein, no do mhac, no do nighean, d' oglach, no do bhan-oglach, no t ainmhidh; no do choigreach ata 'n taobh a stigh do d' gheataibh: oir ann an sèa laithibh rinn, an Tighearna na neamhan agus an talamh, an fhairge, agus gach ni ata anna; agus ghabh e fois air an t seachamh là: air an aobhar sin bheannaich an Tighearna là na Sabaid, agus naomhaich se e. Gleidhidh sibh mo Shabaidean, agus bheir sibh urram do m' ionad naomha; Is Mise Iehobhah. Ma chumas tu air a h ais do chas o' n t

sabaid; o d' thoil fein a dheanamh air mo latha naomh-sa: agus gu 'n abair thu ris an t sabaide, Toilinn-tinn; agus ri feill naomha Iehobhah, Urramach; agus gu toir thu onoir dhi le fuireach air d' ais o d' ghnothach; o leantuinn do shòlais, agus o labhairt briathra diomhain: an sin gabhaidh tu tlachd dhuit fein ann an Iehobhah. Agus air a cheud là do 'n t seachduin, air do na deisciobluibh cruinneachadh an ceann a cheile a bhriseadh arain, shearmonaich Pol doibh agus a run air imeachd air an là maireach. Bha mi san Spiorad (deir Eoin) air là an Tighearna.—Exod. xx. 8—11. Lev. xix. 30. Isa. lviii. 13, 14. Gniomh. xx. 7. Tais. i. 10.

MU MHI-CHREIDIMH AGUS NEO-MHEA-SARACHD A BHI GU MOR AN AGHAIDH SONAS RIOGHACHDAN.

Eisdibh, O neamha; is thoir fanear, o thalamh! oir is e Iehobhah ata labhairt. Dh' araich mise clann, agus thog mi suas iad, agus chlaon eadhon iadsan air falbh uam. Is aithne do 'n damh a shealbhadoir, agus do 'n asail prasach a Tighearna: ach cha 'n aithne do Israel mise; ni mo tha mo sluaghsa toirt fanear. Ah! cinneach peacach, sluagh luchdaichte le aingidheachd! ginealach do luchd do-bheart! clann an aghaidh duchais! threig iad Iehobhah, chuir iad cul le tair ri Ti Naomha Israel; chaidh iad air seachran uaith; thionndadh iad an cul ris. Ach mar eisd sibh riumsa, agus mar dean sibh m' uile aitheantan; agus ma ni sibh dimeas air m' orduighean, no ma bheir bhur n anam fuath do m' bhreitheanais, air chor 's nach dean sibh m' uile aitheantan, ach gu 'm bris sibh mo chumhnant; ni me so ruibh;—cuiridh mi mo ghnuis 'n ar n aghaidh, agus bithidh sibh air bhur marbhadh an lathair bhur naimhdean. Uime sin a nis mar an ceudna, deir an Tighearna, pillibhse do m' ionnsuidh

sa le 'r n uile chridhe, agus le trasg, agus le gul agus le caoidh. Agus reubaibh bhur cridhe 's ni iad 'ur n eudaichean; agus pillibh ris an Tighearna bhur Dia: oir tha e trocaireach agus iochdmhor, mall a chum feirge, 's lan do chaomhalachd, agus gabhaidh e aithreachas mu 'n olc. Co aig am bheil fios nach pill agus nach gabh e aithreachas, is nach fag e beannachd na dheigh.—Isa. i. 2—4. Lev. xxvi. 14—20. Ioel. ii. 12—14.

MU THIMCHIOLL FIRINN, CUMHACHD, AGUS BUAIDH A CHREIDIMH CHRIO- DUIGH.

Oir cha do lean sinn faoin sgeulachda a dhealbhadh gu h innleachdach, 'n uair chuir sinn an ceill duibh cumhachd agus teachd ar Tighearna Iosa Criosd, ach rinneadh sinn 'n ar suil-fhianuisibh air a mhorachdsan. Oir fhuair e o Dhia an t Athair onoir agus gloir, 'n uair a thainig a shamhuil so do ghuth o 'n ghloir oirdhearc, Is e so mo Mhac gradhachsa, le 'm bheil mi lan toilichte. Agus chuala sinn an guth so a thainig o neamh, 'nuair a bha sinn maille ris air an t sliabh naomha. Ta againn mar an ceudna focal faidheadoireachd ga dhaighneacha; d' am maith a ni sibh aire a thoirt, mar do lochrann a ta toirt soluis uaithe ann ionaid doilleir, gus an soillsich an là, agus an cirich an reult mhaidne 'nar cridheachaibh: air dhuibh an fhios so bhi agaibh air tus, nach 'eil faidheadoireachd air bith do 'n sgrìobtur o thogradh dhaoine fein. Oir cha d' thainig an fhaidheadoireachd reir toil duine o shean: ach labhair daoine naomha Dhe mar a sheoladh iad leis an Spiorad naomha. Oir ata focal De beo agus cumhachdach agus ni 's geire na claidheamh da fhabhair air bith, a' riugheachd eadhon chum eider-sgaradh an anma agus an spiorad, agus nan alt agus nan smear, agus a' toirt breith air smuaintibh agus

breithneacha a chridhe. Oir ni 'm' bheil nair orm do shoisgeul Chrìosd: oir is e cumhachd Dhe e chum slainte, do gach uile a chreideas, do 'n Iudhach air tus, agus fos do 'n Ghreugach. Oir ata fireantachd Dhe air a foillseacha ann-o chreidimh gu creidimh: amhuil ata e sgrìobhta, Bithidh am firean beo trid chreidimh. Agus chunnaic mi aingeal eile ag itealaich (deir Eoin) ann am meadhon neimh; aig an robh an soisgeul sìorruith r' a shearmonacha dhoibh-san ata 'nan còmhnuidh air an talamh, agus do gach uile chinneach, agus threibh, agus theangaidh, agus phobull; ag radh, le guth ard, Biodh eagal De oirbh, agus thugaibh glòir dha, oir thainig uair a bhreitheanais: agus deanaibh aoradh dhasan a rinn neamh agus talamh, agus an fhairge, agus na tobair uisge.—2 Phead. i. 16—21. Eabh. iv. 11. Romh. i. 16, 17. Tais. xiv. 6, 7.

MU 'N BHAIS.

Tha 'n duine a rugadh o mhnaoi, air bheag laithean, agus lan do amhghair. Mar bhlath thig e mach, agus gearrar sìos e: agus teichidh e mar sgaile, agus cha 'n fhan e. Gidheadh air a leithid sin dh' fhosgail thu do shuilean; agus mise tha thu toirt gu breitheanais maille ruit. Gu deimhin tha a laithean suidhichte, tha aireamh a mhios agadsa; dh' orduich thu a chrìocha, agus cha d' theid e thairis orra. Tha dochas a craobh ma gearrar sìos i, gu 'm fas i ris, agus nach failnich a faillean og. Ged' fhas a freumh sean anns an talamh, agus anns an ùir ge do bhàsaich a stoc; trid fhàile an uisge ur fhasaidh si, agus bheir i mach geuga mar og-chraoibh. Ach basaichidh fear, agus theid gu tur as da; agus bheir dhuine suas an deo, agus c'ait am bheil e. An sin pillidh an duslach chum na talmhainn mar a bha e; agus pillidh an spiorad a chum Dhe a thug uaith e. Uime sin, mar a thainig peacaidh a steach do 'n t saoghal trid aon duine, agus

bas tre 'n pheaca; agus mar sin thainig bas air na h uile dhaoine, do bhri gu 'n do pheacaich iad uile. Ata e air orduchadh do dhaoine bas fhaghail aon uair, ach 'na dheigh so breitheanas. O! bhais c'ait am bheil do ghath? O! uaigh c'ait am bheil do bhuidh? Is e am peaca gath a' bhais; agus is e neart a' pheacai' an lagh. Ach buidheachas do Dhia ata toirt dhuine na buaidh trid ar Tighearna Iosa Crìosd. Agus chuala mi guth o neamh, (deir Eoin,) ag radh rium sgriobh, 'S beannaichte na mairbh ata faghail bas san Tighearna, o so amach: seadh, a deir an Spiorad, chum 's gu faigh iad fois o 'n saothair; agus leanaidh an oibre iad.—Iob. xiv. 1—10. Ecclesi. xii. 7. Romh. v. 12. Eabh. ix. 27. 1 Cor. xv. 55—57. Tais. xiv. 13.

MU 'N AISEIRIGH.

Agus duisgidh moran dhiubhsan ata nan cadal ann an duslach na talmhainn, cuid gu beatha siorruith, agus cuid gu naire 's masladh bith-bhuan. Na gabhaibh iongantais deth so: oir ata 'n uair a teachd, ann san cluinn iadsan uile ata sna uaighibh a ghuthsan: agus theid iad amach iadsan a rinn maith, chum ais eirigh na beatha; agus iadsan a rinn olc gu ais eirigh an damnaidh. Noise ma shearmonaichear Crìosd gu 'n d' eirich e o na mairbh, cionnas a deir cuid 'nar measgsa, nach 'eil aiseirigh nam mairbh ann? Ach mar 'eil aiseirigh nam mairbh ann, ni mo a dh' eirich Crìosd. Agus mur d' eirich Crìosd, gu deimhin is diomhaineach ar searmon-ne, agus is diomhain bhur creidimhsa mar an ceudna: seadh fhuaradh sinne 'nar fianaisibh breige air Dia; do bhri gu 'n d' rinn sinn fianais a thaobh Dhe gu 'n d' thog e suas Crìosd; neach nach do thog e suas mur eirich nam mairbh: oir mur eirich na mairbh ni mo dh' eirich Crìosd: agus mur d' eirich Crìosd, tha bhur creidimhsa diomhain; ata sibh fos ann bhur peacaidh; mar sin fos

ata an droing a choidil ann an Criosd, caillte. Ach anoise 'ta Criosd air eirigh o na mairbh, agus rinneadh an ceud thoradh dhiubhsan a choidil dèth.—Dan. xii. 2. Eoin v. 28, 29. 1 Cor. xv. 12—20.

MU 'N BHREITHEANAS.

'S eigin duin uile bhi air ar nochadh ann lathair chathair bhreitheanas Criosd; chum 's gu faigh gach neach na nith a rinn e sa choluinn, reir an ni do rinn e, ma 's maith no olc e. An uair a thig Mac an duine ann a ghloir fein, agus na h aingil naomha uile maille ris, ann sin suidhidh se air cathair rioghail a ghloir. Agus crunnichear na lathairsan na h uile chinnich; agus sgaraidh se iad o cheile, amhuil a sgaras buachail' a chaoraich o na gabhraibh: agus cuiridh se na caoraich air a dheis, ach na gabhair air a laimh chlì. An sin deir an Rìgh rìusan air a dheis. Thigibh a shluagh ata beannaichte le m' Athairsa, sealbhaichibh mar oighreachd an rioghachd ata air a deasachadh dhuibh, o leagadh bunaite an domhain. An sin a deir se mar an ceudna rìusan air an laimh chlì, imichibh uam, a shluagh mallachd dh' ionnsuidh an teine shiorruith, a dh' ullaicheadh do 'n diabhol agus d' a ainglibh. Agus imichidh iadsan chum peanais shiorruith; ach nam firean chum na beatha maireanaich. Agus chunnaic mi rìghchathair mhor gheal, agus an ti a shuidh uirre, neach a theich neamh agus talamh o a ghnuis, agus cha d' fhuaradh aite dhoibh. Agus chunnaic mi na mairbh, beag agus mor, nan seasamh am fianais De; agus dh' fhosgladh na leabhraichean: agus dh' fhosgladh leabhair eile, eadhon leabhair nà beatha: agus thugadh breith air na mairbh as na nithe sin a bha sgrìobta sna leabhraichibh a reir an gnìomhara. Agus thug an fhairge uaipe na mairbh a bha innte; agus thug am bas agus ifrinn uapa na mairbh a bha annta: agus thugadh breith orra gach aon a reir

an gnìomhara.—2 Cor. v. 10. Math. xxv. 31—34, 41, 46. Tais. xx. 11—13.

MU IFRINN.

Frasaidh (Dia) e air na h aingidh eibhlean, teine, agus pronnusc, agus doinionn uamhasach, mar chuibh-rionn an cupain: Ann ifrinn, san teine nach mùchar a choidhch': far nach basaich an cnuimh agus nach d' theid an teine as. Olaidh do fhion feirge Dhe, ata air a dhortadh gun mheasgadh, ann an cupan fheirgesan; agus bithidh e air a phianadh le teine agus pronnusc, am fianais nan aingil naomha, agus am fianais an Uain: agus bithidh deatach am peinsan ag eiridh suas gu saoghal nan saoghal; agus ni 'm bheil aca fois a latha no dh' oidhche.—Salm. xi. 6. Marc ix. 43, 44. Tais. xiv. 10, 11.

MU NEIMH.

Ann an tigh m' Athairsa 'ta iomadh aite còmh-nuidh; mur biodh e mar sin, dh' innsinnse dhuibh: ata mi dol a dh' ullachadh aite dhuibh. Agus ma theid mi agus gu 'n ullaich mi aite dhuibh, thig mi a ris, agus gabhaidh mi sibh am ionnsuidh fein, chum far am bheil mi, gu 'm bi sibhse ann mar an ceudna. Oir ata fios againn, nan sgaolteadh o cheile ar tigh talmhaidh a' phailliuin so, gu bheil againn aitreabh o Dhia, tigh nach do thogadh le lamhaibh siorruith ann sna neamaibh; oighreachd neo-thruaillidh agus neo-shalach, agus nach searg as, ata air a choimhead sna neamhaibh. Agus tiorm-aichidh Dia gach uile dheur o 'n suilibh; agus cha bhi bas ann ni 's mò, no bron, no glaodhaich, agus cha bhi pian ann ni 's mò; oir chaidh na ceud nithe thairis. Agus cha bhi mallachd air bith ann ni 's

mò; ach bithidh rìgh-chathair Dhe agus an Uain inné; agus nì a shearbhannta seirbhis da; agus chì iad aghaidh; agus bithidh ainmsan air clar an eudan. Agus cha bhì oidhche ann sin agus nì bheil feum aca air coinnil no air solus na greine, oir bheir an Tighearna Dia solus doibh; agus rioghaichidh iad gu saoghal nan saoghal; tha na briathraibh so dileas agus fireannach, agus chuir an Tighearna, Dia nam faidhean naomha, aingeal fein a nochdadh d' a sheirbhiseach na nithe sin a's eigin tachairt gu h' aith-ghearra. A mhuintir mo ghraidh, noise is sinne mic Dhe, agus nì 'n soilleir fos cìod a bhitheas sinn: ach ata fhios againn, an uair a dh' fhoillsichear easan, gu 'm bì sinn cosmhuil ris; oir chì sinn e mar ata e; agus gach uile neach aig am bheil an dochas so annsan, glanaidh se e fein, mar ata easan glan.— Eoin xiv. 2, 3. 2 Cor. v. 1. 1 Phead. i. 4. Tais. xxi. 4. Caib. xxii. 3—6. 1 Eoin iii. 2, 3.

Is iad so briathraibh firinneach Dhe. Gabhaibh riu nì h ann mar fhocal dhaoine, ach mar is iad gu firinneach focal De, ata fos ag oibreachadh gu h eifeachdach anna-san ata creid-san. Rannsaichibh na Scrioptuire, ata comasach air thusa dheanamh glic chum slainte, tre chreidimh ata ann an Iosa Criosd. Thugaibh aire nach diult sibh easan ata labhairt: oir mur deachaidh iadsan as a dhiùlt an tì a labhair o Dha riu air talamh, is mor is lugh na sin a theid sinne as, ma thionnda 's sinn air falbh uaithe-san ata labhairt o neamh. Oir ge b' e neach a ghabhais naire asamsa, (deir Iosa) agus as mo bhriathra, gabhaidh Mac an duine naire dheth-san, an uair a thig e na ghloir fein, agus an gloir Athair, agus nan aingeal naomha. Oir nì 'm bheil naire ormsa do shoisgeul Chrìosd; oir is e cumhachd Dhe e a chum slainte, do gach uile a chreideas. Deir an Tì ata toirt fianais air na nithibh so, Gu

deimhin ataim a' teachd ann aith-ghearr'; Amen,
Seadh, thigse a Thighearna Iosa. Gras ar Tighearna
Iosa Criosd gu robh maille ribh uile. Amen.—
Tais. xix. 9. 1 Thes. ii. 13. Eoin v. 39. 2 Tim.
iii. 15. Eabh. xii. 25. Luc ix. 26. Romh. i. 16.
Tais. xxii. 20, 21.

O Dhaoine, eisdibh aithne neimh,
Is thugaibh umh' lachd seach;
Oir ris gach neach ata fo 'n ghrein',
Tha Dia ag radh gu beachd.

“Gabh aithreachas, is slainte shior,
Is bidh ad' chreatur nuadh;
Do shlighe treig, gu tur, s do lochd,
'S gu h iomlan thoir dhoibh fuath.”

Eisdibh, O dhaoine, ann 's gach staid,
Gach iosal 's ard le cheil',
Sleuchaibh an la' ir Iehobhah Dia,
'S d' aithne thugaibh geill.

Gu ceannairceach na cuiribh cul
Ri trocair saibhear Dhe,
Ach eisdibh tairgse Slanui' ear,
'S is leibh a ghras gach re'.

Sleuchdaibh mun cluinn sibh fuaim an tromp
Gar gairm gu chathair righ;
Oir dioghalta's shiorruith ni an t Uan,
San dream nach gabh uaidh sith.

Cia iongantach do ghradh, a Dhe!
Is t fhoighidin cia co buan!
O lub ar cridh le d' ghras ruit fein,
Is gradh' cheadh maid an t Uan!

*Chelsea: Printed by STANHOPE & TILLING, Wilderness-
row; for the RELIGIOUS TRACT SOCIETY; and sold
by J. BURDITT, at the Society's Depository, No. 60,
Paternoster-row, London.*

[Price Ten Shillings per 100.]



